

# UISENIS POWER LIMITED

## Achd an Dealain 1989

## Achd Planadh Baile is Dùthcha (Alba) 1997

## Riaghailtean Obraichean Dealain (Measadh Buaidh Àrainneachdail) (Alba) 2017

Thathas a' toirt brath gu bheil Uisenis Power Limited, àireamh clàraidh a' chompanaidh SC389045, leis an oifis clàraichte aig 58 Sràid Mhoireasdain, C/O Anderson Strathern, Dùn Èideann, Alba, EH3 8BP, an dèidh fiosrachadh a bharrachd a chur a-steach do Mhinistearan na h-Alba a thaobh an iarrtais airson aonta fo earrann 36 de dh'Achd an Dealain 1989 gus Tuath-ghaoithe Uisenis a thogail is obrachadh air fearann taobh a-staigh Oighreachd Eisgein, timcheall air 20km iar-dheas air Steòrnabhaigh, Eilean Leòdhais (Comharra-clèithe Meadhanach NB 31366 12772). Bhiodh comas cumhachd an leasachaidh a tha san amharc, nuair a tha e an sàs, còrr is 50 meagawattaichean (MW) (timcheall air 165MW), sam bi 25 turbaineann – 22 turbaineann a bhios 200 meatair a dh'àirde bho bhonn gu bàrr nan lann; agus 3 turbaineann a bhios 180 meatair a dh'àirde bho bhonn gu bàrr nan lann. Bhiodh an leasachadh a tha san amharc a' riochdachadh ath-dhealbhachadh air sgeama aontaichte Tuath-ghaoithe Mhuaitheabhal 45 turbaineann (a' gabhail a-steach leudaichean dhan taobh-dheas is dhan taobh an ear). Tha an leasachadh san amharc buailteach do Mheasadh Buaidh Àrainneachdail. Chaidh Aithisg EIA a sgrìobhadh ri dhol an cois an iarrtais-aonta.

Tha a' Chompanaidh cuideachd air iarraidh gun toir Ministearan na h-Alba stiùireadh fo earrann 57 (2) de dh'Achd Planadh Baile is Dùthcha (Alba) 1997 gum measar gun tèid aonta phlanaidh a thoirt seachad airson an leasachaidh.

**Tha Uisenis Power Limited a-nis air tuilleadh fiosrachaidh a chur a-staigh do Mhinistearan na h-Alba, sa bheil fiosrachadh a thaobh an atharrachaidh a rinneadh air co-dhealbhachd an làraich san amharc (tha atharrachaidhean a' gabhail a-steach suidheachadh thurbaineann gaoithe, co-thaobhadh rathaidean intrigidh, sluic iasaid, ionadan-togail sealach, agus ionadan fo-stèisein), agus chaidh ath-sgrùdaidhean a mholadh air ath-stèidheachadh is meudachadh bith-àrainn.**

Tha lethbhreacan den fhiosrachadh a bharrachd agus an t-iarrtas ('am fiosrachadh') rim faotainn airson sgrùdadh poblach, gu pearsanta agus saor an-asgaidh, rè uairean oifis àbhaisteach sna h-àitichean a leanas:

Àite	Uairean Fosglaidh Àbhaisteach	Seòladh
Comhairle nan Eilean Siar (CnES)	Dil, Dim, Diar: 9m gu 4.30f Diciadain: 10m gu 4.30f Dihaoine: 9m gu 4.00f	Togalach Comhairle nan Eilean Siar, Rathad Shanndabhaig, Steòrnabhaigh, Eilean Leòdhais, HS1 2BW

Agus tha e cuideachd ri fhaotainn às na h-àitichean a leanas, rè uairean fosglaidh nan goireasan seo:

Àite	Uairean Fosglaidh Àbhaisteach	Seòladh
Comann Eachdraidh Ceann an Loch	Diluain – Disathairne: 10m gu 4f	Comann Eachdraidh Ceann an Loch, Ionad-coimhearsnachd Baile Ailein, Eilean Leòdhais, HS2 9PN
Comann Coimhearsnachd Ceann a Tuath nan Loch	Diciadain is Dihaoine: 11m gu 3f	Comann Coimhearsnachd Ceann a Tuath nan Loch, Liùrbost, Eilean Leòdhais, HS2 9NU
Ionad Ravenspoint	Diluain gu Disathairne: 11m gu 4.30f	Cearsiadar, Ceann a Deas nan Loch, Eilean Leòdhais, HS2 9QA

Tha lethbhreac den iarrtas, sa bheil planaichean a' sealltainn an fhearainn dha bheil e a' buntainn agus an Aithisg EIA, còmhla ris an fhiosrachadh a bharrachd, ri fhaotainn airson sgrùdadh poblach, saor an-asgaidh air làrach-lìn an luchd-iarrtais <https://eurowindenergy.com/uk/our-projects/uisenis-wind-farm> no air làrach-lìn Aonta Dealain le Riaghaltas na h-Alba aig <https://www.energyconsents.scot> fo àireamh iarrtais ECU00004568.

Faodar lethbhreacan den fhiosrachadh a bharrachd fhaighinn bho SLR Consulting Limited, Oifis 4.04, Clockwise Offices, Savoy Tower, 77 Sràid Rinn Friù, Glaschu, G2 3BZ (Fòn: 07718 482 283) le cosgais £500 gach lethbhreac cruaidh agus £15 air CD/DVD no USB. Tha lethbhreacan de gheàrr-chunntas neo-theicnigeach rim faotainn saor an-asgaidh.

**Thèid beachdachadh a dhèanamh fhathast air gach riochdachadh a fhuair Ministearan na h-Alba roimhe a thaobh an iarrtais gu h-àrd.**

Faodar riochdachadh ùr sam bith a chur a-steach do Mhinistearan na h-Alba tro Ionad Aonta Dealain Riaghaltas na h-Alba, le post-d gu [Representations@gov.scot](mailto:Representations@gov.scot); no le post gu Ionad Dealan Riaghaltas na h-Alba, 4mh Làr, 5 Cidhe a' Chuain Siar, 150 Broomielaw, Glaschu, G2 8LU, ag aithneachadh a' mholaidh agus a' sònrachadh bun-adhbhar an riochdachaidh.

Bu chòir ceann-latha, ainm soilleir (ann an ceann-litrichean) agus seòladh slàn na feadhainn a tha a' toirt riochdachaidhean seachad a chur air riochdachaidhean sgrìobhte no puist-d. Bu chòir dhan fheadhainn a tha a' toirt riochdachaidhean seachad cuideachd an seòladh phuist-d slàn aca a chur air a' phost-d. Cha tèid fios-fhreagairt a thoirt ach do riochdachaidhean a chuireadh le post-d gu [Representations@gov.scot](mailto:Representations@gov.scot)

Feumar gach riochdachadh fhaighinn ro **Dihaoine 23<sup>d</sup> Lùnastal 2024** aig a' char as anmoiche ged is dòcha gum beachdaich Ministearan air riochdachaidhean a gheibhear an dèidh a' chinn-latha seo.

Bidh fiosrachaidh sam bith eile a chuireas an neach-leasachaidh a-steach an dèidh sin buailteach do bhrath poblach eile san dòigh seo, agus thèid riochdachaidhean dhan leithid de dh'fhiosrachadh a ghabhail riutha a rèir a' bhratha seo.

Mar thoradh air gearan reachdail bhon ùghdarras-planaidh buntainneach, no far an cuir Ministearan na h-Alba romhpa seo ùghdarrachadh, faodaidh Ministearan na h-Alba iarraidh cuideachd gun cumar sgrùdadh poblach.

An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air an fhiosrachadh àrainneachdail, nì Ministearan na h-Alba beachdachadh air an iarrtais-aonta tron dàrna chuid: a' toirt aonta dhan mholadh (le cumhachdan, no as aonais chumhachdan), no a' diùltadh a' mholaidh.

#### Riaghailtean Coitcheann Dìon Dàta

Bidh Riaghaltas na h-Alba a' làimhseachadh riochdachaidhean fo Achd an Dealain 1989. Gus taic a chumail ri follaiseachd a thaobh cho-dhùnaidhean, bidh Riaghaltas na h-Alba a' foillseachadh air-loidhne aig [www.energyconsents.scot](http://www.energyconsents.scot). Tha brath prìobhaideachd air fhoillseachadh air an duilleag cuideachaidh aig [www.energyconsents.scot](http://www.energyconsents.scot). Bheir seo mìneachadh air mar a làimhsicheas Riaghaltas na h-Alba am fiosrachadh pearsanta agad. Ma tha ceist sam bith agad mu mar a bhios Riaghaltas na h-Alba a' dèiligeadh ris an fhiosrachadh phearsanta agad, nach cuir thu post-d gu [Econsents.Admin@gov.scot](mailto:Econsents.Admin@gov.scot) no sgrìobh do dh'Ionad Aonta Dealain Riaghaltas na h-Alba, Làr 4, 5 Cidhe a' Chuain Siar, 150 Broomielaw, Glaschu, G2 8LU.